

 Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

BÓRD NA
GÀIDHLIG

Ceàird an Sgrìobhaiche

Leughadh agus Sgrìobhadh Co-roinnte

ilean Liath Caimbeul.

dhaire. Nairg dh 'òlas iad

d

a

d.

air a

heit

white color na

Clear Sgrìobhaich am

dò amg My French,

ficsean

Clàr-innse

Roinn 2: Ficsean

An Turas Èiginneach Earrann 1 – <i>Sgeulachd eachdraidheil</i>	22
An Turas Èiginneach Earrann 2 – <i>Sgeulachd eachdraidheil</i>	23
Fo Bhruid Earrann 1 – <i>Sgeulachd dànanadais</i>	24
Fo Bhruid Earrann 2 – <i>Sgeulachd dànanadais</i>	25
Fir-tàileisg Leòdhais agus na thachair dhaibh – <i>Ficsean eachdraidheil</i>	26
Al – <i>Sgeulachd chùiseil</i>	27
Na Crògan Goirseachail – <i>Sgeulachd thaibhseil aotrom</i>	28
Am Black Bear – <i>Sgeulachd thaibhseil</i>	29
An t-Seachdamh Nighean Earrann 1 – <i>Sgeulachd chùiseil aotrom</i>	30
An t-Seachdamh Nighean Earrann 2 – <i>Sgeulachd chùiseil aotrom</i>	31
Am Bruadarache: A' Sabaid ris na h-Apaches – <i>Sgeulachd mìorbhail</i>	32

Earrann 1

Bha gaoth fhuar a' sèideadh on Chuan a Tuath gu ceann Loch Fleòd far an robh Daibhidh Moireach crom a' togail bhàirneach. Pìos bhuaithe anns a' chladach bha a phiuthar Ciorstaiddh ris an aon obair, agus i a' feuchainn ris a' chliabh bheag aice fhèin a lionadh.

'S ann airson biathadh nan lòn a bha na bàirnich, ach bha Daibhidh a' smaoineachadh gum biodh gu leòr a chòrr, 's gun dèanadh a mhàthair brot math leotha. An sin chuala e Ciorstaiddh ag èigheach, "Hoigh! Trobhàd anns a' mhionaid, a Dhaibhidh. Tha portan mòr fon chloich a tha seo."

Portan! Bha sin na b' fheàrr na na bàirnich.

"Càit a bheil e?"

"Siud e. Tha e a' feuchainn ri dhol fodha anns a' ghainmhich. Greas ort, a Dhaibhidh, faigh grèim air, no caillidh sinn e."

Fhuair Daibhidh pìos maide a bh' air an tràigh, agus thòisich e ri cladhach cho luath 's a b' urrainn dha. Nochd aon ìne agus an uair sin tèile. Chaidh Daibhidh na chabhaig a' sgrìobadh 's a' cladhach. Mu dheireadh fhuair e am portan a-mach fon chloich.

"Faigh mo chliabh, a Chiorstaiddh. Greas ort."

Thog Daibhidh am portan le pìos maide, agus chuir e dhan chliabh e, còmhla ris na bàirnich. "A bhalaich ort, nach e tha mòr! Nì e suipear math dhuinn," thuirt e, agus thionndaidh e am portan air a dhruim gus nach fhaigheadh e a-mach às a' chliabh.

Bha aire na cloinne cho mòr air a' phortan is nach fhaca iad riamh an duine a bha a' ceangal an eich aige ri craobh anns a' choille a bha ri taobh a' chladaich. Thàinig an duine a bha seo tarsainn na tràghad far an robh iad.

Cha do rinn na casan aige fuaim sam bith air a' ghainmhich. Nuair a chunnaic e na clèibh làn bhàirneach, ghabh e an cuthach dearg, agus dh'èigh e ris a' chloinn; "Dè tha sibh a' dèanamh, a bhlaigeardan?"

Chlisg Daibhidh cho mòr 's gun do theab an cliabh tuiteam air.

Ghabh Ciorstaiddh an t-eagal cuideachd, agus thug i ceum air ais. "Ò, 's e Maighstir Sellar a th' ann."

Earrann 2

“A-steach leibh, fhearaibh,” thuirt Sellar gu garg. “Thoiribh an àirneis a-mach. Cha leig sibh a leas a bhith uabhasach faiceallach timcheall oirre nas mothà. Cha d’ fhiach i mòran co-dhiù.”

Ghabh na fir a-steach dhan taigh agus shad iad am preasa is am bòrd is na leapannan a-mach air an stairsich.

An ath rud, bha na soithichean brèagha nan sprùilleach, ach nuair a chunnaic Ceit an t-aodach leapa ga stampadh fo na casan aca sa pholl, cha b’ urrainn dhi suidhe na b’ fhaide.

Chaidh i na ruith a-mach agus chruinnich i na plangaidean agus thug i a-steach dhan taigh iad. Cha tuirt i focal ach thug i sùil cho mì-chiatach air a’ bhàillidh ’s gun tuirt e ris na fir aige, “Cha leig sibh a leas a bhith buileach cho garg.”

Thionndaidh e an uair sin ri Ceit agus thuirt e, “A-nis ma dh’èireas sibh fhèin agus ur mac far nan sèithrichean, bheir iad a-mach gu faiceallach iad.”

“Feumaidh sibh sinne a thogail a-mach còmhla riutha, ma-thà, oir cha toir mise ceum a-mach às an taigh seo air mo dhà chois fhèin,” thuirt Ceit ris.

“A-mach leatha!” dh’èigh Sellar ris na fir.

Dh’èirich Ceit gu pròiseil na seasamh.

“A’ chiad fhear agaibh a chuireas làmh ormsa, fairichidh e na h-ìnean agam air aodann.”

Thug na fir ceum air ais. Cha robh duine aca airson a bhith air thoiseach.

“Tha sin gu leòr de mhì-mhodh!” dh’èigh Sellar agus an droch-nàdar a’ sìor èirigh.

“Cuiribh teine ris an tughadh! Mura cuir sin a-mach i, bidh i air a losgadh gu bàs.”

Earrann 1

Mar a b' fhaisge a thàinig mi air an togalach, 's ann a bu ghruamaiche a bha e a' coimhead. Bha tàrr de na h-uinneagan briste agus air gach spàrr, bha na calmain air neadachadh agus air cha mhòr na ballachan gu lèir a chòmhdach leis an t-salchar aca, mar chrèadh chnapach għlas. Dh'flosgail mi geata mòr a bha a' leth-chrochadh air seann bhannan san fheansa uèir. Nuair a choisich mi troimhe, chunnaic mi gun robh, aig aon cheann, sgafallachd mheirgeach a' cumail suas a' bhalla. Chithinn, gu h-àrd, solas beag fann bho bholgan gun chòmhdach ann an uinneag bheag shalach.

Cho luath 's a bhrùth mi am putan air an robh Shakur Associates: Import and Export sgriobhte, dè thachair ach gun deach an solas dheth. Sheas mi anns an dorchadas airson mionaid no dhà, agus an uair sin bhrùth mi am putan a-rithist. Bha an t-àite sàmhach, marbh. Cha robh ri chluinntinn ach na calmain a' durrrghail. Ach mu dheireadh, dh'fhàs mo chluasan cleachdte riutha sin agus dhèanainn a-mach fuaimean beaga eile a-staigh. Bha cuideigin beò san taigh.

Cha robh foighidinn agam air fhàgail, 's mi air a thighinn cho fada nam aonar, air facal m' athar a bh' air bàsachadh bho chionn seachdain. Chuir mi mo chas ris an doras, 's an uair sin mo dhòrn, a-rithist 's a-rithist. Dh'èigh mi aig àird mo chinn airson maighstir Shakur.

Os mo chionn, dh'flosgail uinneag, no co-dhiù chuala mi uinneag a' fosgladh, agus thàinig guth às an dorchadas.

"Tha peilearan ann!"

A' togail mo chinn, chunnaic mi gleans bho fheadan gunna a' stobadh tron uinneig. Cho luath 's a b' urrainn dhomh, thog mi a' chèis a thug an *t-imam* dhomh.

"Tha litir agam an seo!" thuirt mi. "Airson Maighstir Shakur, den chinneadh sin."

"Cò bhuaithe a tha i?" dh'fhaighnich an guth.

"Chan e do ghnothaich e." Bha an fhearg orm fhathast 's mi ag èigheachd.

"Uill, fág an sin i is thoir do chasan leat."

"Chan fhàg mi. 'S ann an làimh Akram Shakur a dh'fheumas mi a cur."

Às dèidh greis, thàinig ceist eile. "'S cò thu?"

"Khaleel. Khaleel Shakur."

Tha mi cinnteach às gun do chuir sin feagal air, oir chluinninn stàilinn a' ghunna a' glagadaich ri frèam na h-uinneig. Mionaid shàmhach eile.

"Càil d' athair?"

'S e mi fhìn a-nis a bha sàmhach.

"Bheil e marbh?" Chuala mi e a' leigeil osna. 'Aidh, aidh. 'S ann marbh a bhitheas e. 'S e sin a tha gad fhàgail air mo starsnaich. Uill, leigidh mi steach thu.

Earrann 2

Chaidh an droch fhaireachdaiinn mu dheidhinn bàs Phan bho cheann gu ceann dhen bhàta gus am biodh tu fiù 's ga bhlaiseadh air sàl na mara. Thàinig ceò trom a-nuas ceithir-thimcheall oirnn fhad 's a bha sinn a' dol mun cuairt air a' chost ris an can iad 'Adharc Afraga'. Bha mise a-nis a' ruith eadar na h-oifigearan air an drochaid agus an sgioba gu h-ìosal,'s mi air àite Phan a ghabhail mar shearbhanta agus mar fhear-frithealaidh Mhaighstir DeVries agus nam Meitichean.

Ged nach tuit duine guth mu dheidhinn na thachair, bha Maighstir Shaun a' dol timcheall mar fhear ann an droch bhruadar, a' coimhead orms' a' falbh 's a' tighinn mar gum biodh le eagal agus uabhas. Bha an Caippean DeVries cho fad às 's a bha e riamh, ach san aon dòigh san do dh'obraich mi a-mach dè bha fa-near do m' uncail lem dhileab, thuig mi gum biodh an Caippean gam fhaicinn mar chunnart, leis mar a b' urrainn dhomh fianais a thoirt air mar a thachair. Bha fhios a'm, mar sin, nach biodh e fada mus biodh 'tubaist' agamsa cuideachd. Cha do leig mi guth orm, ge-tà, 's mi a' falbh 's a' tighinn le cofaidh, òrduighean no nigheadaireachd, mar a dheidheadh iarraidh orm.

A latha 's a dh'oidhche, 's sinn anns a' cheò, bha an sgioba an-fhoiseil airson adhbharan eile. Bha am pàirt seo dhen chost ainmeil airson na bh' ann de spùinneadairean, a bhiodh a' tighinn air bòrd thancairean agus bhàtaichean-cargu 's a' cur an criuthaichean fo bhruid (mar a bha mi fhìn). Bha e mì-laghail armachd a bhith air bòrd bàta-malairt ach, mar a bha fhios agam ro mhath, chan e bàta àbhaisteach a bh' anns a' Valdez, 's an sgioba aice, iad fhèin, air taobh ceàrr an lagh. Mar sin, bha gunna-làimhe aig gach oifigear agus gunnaichean fada air an tasgadh ann an cèaban a' Chaitpean agus air an drochaid. Bhiodh na seòladairean fhèin, leis mar nach robh cead aca a dhol faisg air na gunnaichean, a' geurachadh sgeinean fada agus dubhain-cargu.

Mar gum biodh e na bhreitheanas, dìreach nuair a thòisich iad ag ullachadh mu choinneamh ionnsaigh, thàinig tè orra.

Nuair a thachair e, thachair e ann an cabhaig. Thàinig iad air bòrd san dorchadas, a' sreap suas air ròpaichean a bha iad air a thilgeil suas air dubhain air rèile-deiridh a' Valdez. Bha mise nam leth-chadal air an drochaid còmhla ris an dàrna Meit, fear air an robh Halonen. 'S e brag gunna-làimhe a chuala mi an toiseach. Bha mi air sin a chluinntinn roimhe 's na h-oifigearan a' losgadh air targaidean agus eòin-mhara ach 's e am freagairt a chuir m' fhiacan gu snagadaich. Rat-a-tat trom bho ghunna agus sgread nam peilearan air iarann na deic. Chan ann leinne a bha na gunnaichean ud, no na guthan a bha ag èigheachd san dorchadas.

Bhon drochaid, chitheamaid boillsgidhean nan gunnaichean air ais 's air adhart thairis air an deic. Nochd an Caippean suas bho chèaban, a bha dìreach fon drochaid, is thòisich e fhèin a' leum a-mach 's a-steach air gach doras, a' frasadhl na deic le gunna-froise gun dragh aige dè – no cò – a bhuaileadh e.

Tha mi a' creidsinn nach robh còig mionaidean air a dhol seachad nuair a stad am blàr is dh'èigh an sgioba suas rinn gun robh na spùinneadairean air teicheadh agus gun robh prìosanach aca.

"Thoir suas an seo e," thuirt an Caippean, 's e a' cur air ad airson barrachd ùghdarrais a thoirt dha fhèin.

Fir-tàileisg Leòdhais agus na thàchair dhaibh

Le Irving Finkel, air eadar-theangachadh le Ruaraidh MacIleathain

“Bheir mi deich notaichean dhut airson nam pìosan air fad, agus tha thu nas fheàrr dheth às aonais nan rudan pàganach ud...” Thàinig freagairt neo-shoilleir on lasgair agus rinn an Duine gnòsail mì-fhoighidneach.

Bha iad air an cur ann am poca 's bha iad fad làithean air an tulgadh bho thaobh gu taobh, air an gluasad gu diomhair bho àite gu àite, o thìr gu muir agus o mhuir gu tir. Ghabh na fir-ghlèidhidh ghaisgeil turas mu seach mar fhreiceadain aig ceann a' phoca. Ged a bha iad ann an àite cunnartach, bha e na b' phasa dhaibh a chluinntinn dè bha a' dol air adhart air taobh a-muigh a' phoca, agus thug iad iomradh mar a b' urrainn dhaibh air na chuala iad.

An dèidh greis bha e na b' phasa dhaibh fuireach nan cadal. Bha iad cleachdte ri bhith nan cadal airson ùineachan mòra nuair nach robh dad a' dol, 's le sin chaidh mòran ann an taimne. Chuir na Rìghrean an làmhan timcheall nam Banrìghrean aca agus fios aca gun cumadh an luchd-seirbhis aca deagh shùil orra nan tachradh dad.

Greis às dèidh seo, 's iad fhathast nan leth-chadal, bha am poca air a sgoltadh gu h-obann agus bha iad air an sgaoileadh a-mach gu socair dhan t-solas a-rithist. An turas seo thàinig iad a laighe air deasg mòr dùmhail. Le tuainealaich nan cinn agus an t-aodach aca a-mach à òrdugh thuig iad gun robh cuideigin gan sgrùdadh gu mionaideach fo sholas lampa. Bha sùil an Duine seo a' dol tromhpa, agus bha na Banrìghrean gu math anshocrach an toiseach, ach bha làmhan an Duine gan làimhseachadh le cùram agus le caoibhneas agus beag air bheag dh'fhàs na fir-tàileisg na bu chofhurtaille. Bha e coltach gun robh iad sàbhailte bho dhroch-bheairt co-dhiù.

Le deagh spèis dhaibh sheòrsaich an Duine na pìosan. Chuir e na Rìghrean agus na Banrìghrean air leth – aig astar ciallach bho na pìosan eile. Bha tòrr rudan eile air an càrnadh air an deasg far an robh iad 's air feadh an rùim cuideachd. Bha maicreasgop umha ghleansach fo lampa agus bha rudan eile ann nach b' urrainn do aon de na fir-tàileisg, a bha à saoghal agus aimsir eile, aithneachadh. Bha iad fo uabhas nuair a chunnaic iad seat a bha, mas fhìor, nam fir-tàileisg. Maidean garbh neo-shnasail – fiodh cruaidh air a bhàirniseagadh! Thionnaidh iad air falbh gu h-ealamh. Bha na fir-tàileisg iriosal ud, ge-tà, nan suidhe gu socair air a' bhòrd-tàileisg fiodha, air an robh na pìosan à Leòdhais a' sealltainn gu dùrachdach 's a' miannachadh a bhith. Bha iomadh bliadhna ann on a bha iad nan seasamh nan sreach air bòrd-cluiche, a h-uile pìos na àite fhèin, 's gun aca ach aon rud ri dhèanamh, ann an saoghal suidhichte.

An dèidh a bhith fada sàmhach, bhruidhinn an duine gu h-obann anns an t-seòmar shàmhach.

“Seadh, seadh, bargan as fheàrr a rinn mi riamh.”

Al

Le Seonag Monk

Cha robh an sgoil cho fada sin air falbh bho thaigh Al. 'S math a dh'fhaodadh e coiseachd ach bu thoigh leis gum faiceadh a' chlann eile càr mòr spaideil a mhàthar a' tighinn dhan sgoil leis. Porsche. Fear gleansach glas.

"Ò, Al, an e sin a' bhriogais a chuir thu ort? Nach tuirt Miss Whiteford...?"

"Miss Walton!" ars Al ga ceartachadh gu bragail.

"Ò, aidh. 'S e sin an tè a bha mi a' ciallachadh, Miss Walton. Nach tuirt i nach robh i ag iarraidh clann a bhith a' tighinn dhan sgoil le aodach le labels?"

"Hu," ars Al gu droch-nàdarrach agus e a' draghadh air a' chrios-teasargainn.

"Agus rud eile, Al. An robh thusa ag obair air Dòmhnull Beag Mac an t-Saoir...? Tha e gu math doirbh dhòmhhs' a chreids' gun robh ... ach bha mhàthair a' fònadh thugamsa a-raoir agus cop aiste a' todh rium mud dheidhinn. Bha i ag ràdh gun deach Dòmhnull Beag dhachaigh agus e a' caoineadh. Al?"

Cha tàinig smid à beul Al. Bha a dhà shùil a' coimhead dìreach air thoiseach air.

Theannaich a mhàthair a grèim air a' chuibhle-stiùridh. Bha i a' tòiseachadh a' call foighdinn ris a' ghille... ach càite, smaoinich i rithe fhèin, an deach an gille beag a chleachd a bhith cho furasta... a bheireadh feart air rud sam bith a dh'iarradh i air? Bha e air fàs cho doirbh 's cho mì-mhodhail. Carson? Cha robh i idir, idir a' tuigsinn.

Bha i cho measail air Alastair 's a ghabhadh a bhith. Rud sam bith a ghabhadh a cheannach, agus e ga iarraidh, bha i a' dèanamh cinnteach gun robh e aige. Ach an dèidh sin, cha robh e toilichte.

"Bruidhnidh sinn air an seo a-nochd fhathast, Alastair. 'S e nì sinn ach... coinnichidh mi fhìn agus màthair Dhòmhnaill... agus fiathaichidh tusa Dòmhnull Beag gu ti... agus... dè tha thu a' smaointinn, Al? Al, bheil thusa ag èisteachd?"

Cha robh.

Bha e air na h-innealan-cluaise a shlaodadh mu cheann agus air fear dhe na clàir ùra a bha aige am broinn a' bhaga a chur dhan inneal-ciùil agus an ceòl a thionndadh suas àrd, a' bàthadh a-mach guth a mhàthar.


Bha màthair Al a' faireachdainn mar gum biodh an ceann aice gus spreadhadh. Bha i trang, trang aig a h-obair an-dràsta agus bha fios aice nach robh i a' faighinn air ùine gu leòr a chur seachad còmhla ri Al.

Bha an dithis aca sàmhach.....

Di diddy diddy di. Fuaim na fòn-làimhe a' briseadh tron t-sàmhchair.


Na Crògan Goirseachail

Seo sgeulachd mu na Boglaichean anns na làithean a chaidh seachad. Tha talamh rèidh nam Boglaichean air taobh an ear Shasainn. Tha an aimsir fuar agus fliuch. Uaireannan tha gaoth fhuar bhon ear a' sèideadh tarsainn nam Boglaichean. Tha e cho fuar 's gum bheil an t-uisge a' reothadh anns na dìgean is anns na h-aibhnichean. Tha muinntir nam Boglaichean a' cur orra am brògan-deighe is bidh rèis aca eadar Ealaith ti Ely agus Cambridge.



Ach aig amannan eile tha a' ghaoth a' sèideadh cho làidir 's gum bheil na craobhan a' lùbadh agus a' suathadh anns an talamh. Tha na h-uinneagan a' crathadh agus tha a' ghaoth a' gnòsadaich mu na similearan mar thaibhs air seacharan. 'S ann aig àm mar sin a tha muinntir nam Boglaichean a' cruinneachadh mun teine, 's ag innse sgeulachdan 's a' cur an eagail air a chèile.

Innsidh iad mu thaibhsean a tha a' siubhal nan ròidean. Agus innsidh iad mu bhòcain bheaga, ghrobhail a chuireas geasag air a' chrodh-bhainne anns an achadh. No a ghoideas aran às na preasaichean air an tuathanas – ged a bhiodh na dorsan glaiste.



Ach 's e an sgeul as uabhasaiche a bhios aca (nuair a bhios a' ghaoth a' sgiamhail mu chrogain nan similearan) sgeul nan crògan goirseachail. Crògan gun bhodhaig. Crògan a shliogas air an socair às na dìgean agus às na h-aibhnichean air oidhche fhuar, dhorch. Crògan a shliogas suas oisean do bhriogais 's a ghoideas an t-airgead às do phòcaid. No mura bheil airgead agad, goididh iad do nèapraig. Mura bheil nèapraig agad, slìogaidh iad suas oisean do bhriogais – aobh – bìdidh iad do mhàs – 's nì iad às.

AM BLACK BEAR

"O chionn fichead bliadhna air ais," thòisich ìomhar, "bha m' athair còmhla ri fireannaich eile a' bhaile ann an taigh-cèilidh ri taobh an locha air Oidhche Challainn, an oidhche ron a' Bhliadhna' Ùir. Bhiodh na bodaich a' cruinneachadh a h-uile bliadhna air an oidhche sin gus drama bheag a ghabhail. Na h-aon daoine, aig an aon àm, anns an aon taigh.

Bha aon fhear aca air an robh Dòmhnnall an Sgiobair. Bha esan a' fuireach taobh thall an locha agus bha bàta beag aige sam biodh e ag iomradh tarsainn an locha gus am faigheadh e dhan taigh-chèilidh.

Ach a' bhliadhna bha seo, b' e fior dhroch oidhche a bh' ann. Uisge, gèile, gaillean; chan fhaca duine riamh oidhche coltach rithe. Agus bha na fireannaich direach air aontachadh nach fhaiceadh iad Dòmhnnall an Sgiobair an oidhche ud nuair a chaithd an doras fhosgladh leis a' ghaoith agus cò bh' air a shèideadh a-staigh ach Dòmhnnall an Sgiobair e fhèin. Bha e bog fliuch, bha a bhonaid air a ceangal ri cheann le pìos sreang, bha pìos duilisg an sàs na chrios. Ach bha e ann.

Choisich e steach agus shuidh e air being ri taobh an teine, is gàire air a bhilean mar phàiste le bonnach làn trèicil. Chuir fear an taighe drama na làimh agus thog e gu bhilean i. "Ur deagh shlàinte, fhearaibh!" ars esan, agus dh'òl e sìos an drama. "Cha robh sòn de dhùil a'm ur faicinn a-nochd."

Thug fear an taighe drama eile dha agus dh'òl e i. Ach bha rudeigin caran neònach mu dheidhinn, na shuidhe a-siud bog fliuch leis a' ghàire ud fhathast air a bhilean. Agus thòisich na fir eile a' faireachdainn caran neònach iad fhèin ga choimhead, agus am pìos duilisg na chrios. 'S ann tric gu leòr a chitheadh iad e a' cagnadh pìos feamainn, ach airson adhbhar air choreigin, thàinig sàmhchair orra an oidhche sin 's iad a' coimhead an t-sreang uaine a' dòrtadh sàl.

An ath rud, bha Dòmhnnall an Sgiobair na sheasamh anns an doras. Cha do rug e air làimh air duine aca, mar a rinn e a h-uile bliadhna eile, ach thog e làmh agus thuit e riutha, "Bliadhna mhath ùr dhuibh, agus mòran dhiubh. Mo bheannachd leibh uile." Agus bha e air falbh.

Agus dh'fhas na fireannaich uile fuar, agus gu h-obann cha robh duine aca ag iarraidh rud sam bith ach faighinn dhachaigh gu bhean 's a leabaidh fhèin. Gu socair, sàmhach, rug iad air làimh air a chèile agus bheannaich iad a' Bhliadhna' Ùr, agus ghabh a h-uile fear aca a ratnadh fhèin dhachaigh.

'S ann an ath latha a fhuair iad corp Dhòmhnaill an Sgiobair air an tràigh aig beul an locha, a bhonaid fhathast ceangailte ri cheann leis an t-sreing, agus pìos duilisg na chrios. Cha robh sgeul air a' bhàta.

Nise, seo an rud. Ged a bha an taigh-cèilidh loma-làn an oidhche sin, cha robh cuimhn' aig m' athair, no duine eile bha làthair, air suathadh ri Dòmhnnall an Sgiobair san dol seachad, neo beantainn ris ann an dòigh sam bith. Agus bog fliuch 's gun robh e, chaithd fear an taighe air a mhionnan nach robh boinne uisge air an làr, no air a' bheing air an robh e na shuidhe.

An inns sibhse dhomh-sa ma-thà, an e Dòmhnnall an Sgiobair a thàinig a chumail na Bhliadhna' Ùir còmhla ri charaidean, air neo an e a shamhla a bh' ann, agus Dòmhnnall an Sgiobair e fhèin air a bhàthadh san Loch?"

An t-Seachdamh Nighean

Earrann 1

Bha Mòrag a' fuireach ann an taigh fiodha air mullach cnuic. Bha an taigh sean agus feumach air càradh. Nuair a thigeadh gaoth mhòr as t-fhoghar, bhiodh an taigh gu lèir a' diosgail 's a' gearan.

Bha Mòrag a' fuireach ann còmhla ri a sianar pheathraichean. 'S e seòrsa de bhana-bhuidseach a bh' ann am Mòrag. B' ise an t-seachdamh nighean dhen t-seachdamh nighinn agus, a rèir beul-aithris nam buidsichean, bha sin a' ciallachadh gum bu chòir cumhachdan a bhith aice-se thar a peathraichean uile.

Ach cha robh e a' còrdadh cus ri Mòrag a bhith na bana-bhuidseach. Cha bu toigh leatha a h-ad bhiorach. Cha bu toigh leatha a h-aodach dubh. B' fheàrr leatha gu mòr a bhith coltach ris na h-ighnean eile a bha san sgoil còmhla rithe.

Bha a peathraichean airson 's gum biodh i coltach riuthasan: mosach; grod; dubh-chridheach; grànda. Sin bana-bhuidseach cheart. Ach bha Mòrag còir. Bhiodh ise a' cluich le daolagan seach a bhith gan cur sa bhrot.

Aon fheasgar, bha Mòrag na suidhe san rùm aice; i fhèin 's an teadaidh air nach robh ach aon sùil tuilleadh. Bha an teadaidh car brònach a' coimhead, mar gum biodh e a' gabhail iongnadh Carson nach do dh'fhàg iad e le dà shùil. 'Bha dà shùil a' freagairt orm tòrr na b' fheàrr.'

"Cha bu chòir ach AON sùil a bhith air teadaidh-buidseach," ars' Oighrig, a' phiuthar as sine, 'sin a th' anns na Riaghailtean.' Agus spòn i às sùil an teadaidh. Shuidh Mòrag leis an teadaidh na h-uchd.

A h-uile càil a chanadh Mòrag, chanadh a peathraichean gun robh e anns na Riaghailtean gun robh i ceàrr. "Ò, òinsich bhochd. Tha thu ceàrr. Tha e sna Riaghailtean!"

A h-uile càil a bha Mòrag airson a dhèanamh, chanadh a peathraichean gun robh Riaghailt ann ag ràdh nach fhaodadh.

Cha robh feum ann reusanachadh riutha, ach dh'fheuch i co-dhiù...

"Thalla thusa is thoir an cù ud cuairt," arsa Beathag gu crosta aon latha. Rinn an cù mòr gaire craosach.

"Chaidh mi mach leis mar-thà an-diugh," thuirt Mòrag. "Agus 's esan a bhios gam thoirtsa cuairt co-dhiù."

Thog Murdag a sròn à leabhar gheasan agus choimhead i air Mòrag gu dubh.

"Nach deach innse dhut, a nighean? Tha e anns na Riaghailtean."

Sheall an cù dhi fhiacan agus shaoil le Mòrag gun do phriob e a shùil. Bha an t-uisge a' dòrtadh a-muigh. Dh'fheuch i a-rithist.

"Am faod mi na Riaghailtean fhaicinn gus an ionnsaich mi iad?"

"Chan fhaod!" thuirt na peathraichean còmhla.

"Carson?"

"Oir tha e sna Riaghailtean nach fhaod duine na Riaghailtean a leughadh!"

An t-Seachdamh Nighean

Earrann 2

"Tha fhios agamsa dè nì sinn," arsa Murdag, nuair a bha i cuidhteas an tofaidh. "Cuiridh sinn eagal oirre. Às dèidh trì, leumaidh sinn a-mach. A h-aon! A dhà! A trì!" Mar aon, leum na peathraichean a-mach le sgreuchail is èigheachd.

"Wow, a Mhòrag," arsa Tòmas. 'An e seo do pheathraichean? Abair costumes!"

"Ach chan e cost –," thòisich Mòrag. Ach shreap Seumas suas ann an uchd Alda agus rug e air a sròin.

"Thig dheth, thig dheth!" thuir e. "Carson nach eil i a' tighinn dheth?"

Bha Marsaili aig a' phiàna a' feuchainn nan iuchraichean. "Ciamar a tha seo ag obair?" dh'fhaighnich mi.

"Chan ann mar sin, òinsich," thuir Chrissie Belle. "Mar seo!" Chuir i an cat am broinn a' phiàna agus bhuaill i air iuchair no dhà. Thòisich an cat a' mialaich – air cha mhòr am pong ceart.

"Tha thusa èibhinn!" thuir Marsaili ri Chrissie Belle.

Chaidh Ruairidh (ollamh saidheans) agus Tòmas (deamhan) an sàs san sgarf-gunchrioch a bha Alda a' fighe.

Thòisich a' chlann eile a' dannsa timcheall air Oighrig 's iad ag èigheachd "Leididh èibhinn! Leididh èibhinn!"

Thug Oighrig a-mach slachdan-geasagach às a pòcaid agus bhuaill i Tòmas leis. "Nad ghràineag thu!"

Dhùin Mòrag a sùilean. Nuair a dh'fhosgail i a-rithist iad, bha Tòmas na ghràineag.

"Rudeigin nas gràindeil!" arsa na peathraichean eile. Bha seo a' còrdadh riutha.

"Nad mhuile-mhàgag!" dh'èigh Oighrig. Chaidh Ruairidh na mhuile-mhàgag.

"Mise nis, mise nis!" dh'èigh a' chlann uile. Bha e a' còrdadh fiù 's na b' fheàrr riuthasan. Cha robh duine aca riamh aig partaidh Oidhche Shamhna le cleasan cho math.

An ceann còig mionaidean, bha còig rabайдean, trì muileacha-màg agus a' ghràineag am meadhan an làir. Bha na peathraichean nan suidhe a' coimhead air na beathaichean.

"Tha e car sàmhach," thuir Beathag an ceann mionaid no dhà.

"S toigh leamsa," arsa Seònaid, "mar a bhios iad ag èigheachd agus a' sgreuchail agus a' ruith mun cuairt gun rian."

"Aidh," arsa Seònaid. "Nach toir sinn duine no dithis aca air ais?"

Am Bruadaraiche: A' Sabaid ris na h-Apaches

Le Iain Mac a' Ghobhainn

“Tha mi a’ cluinntinn,” thuirt am maighstir-sgoile ri Iain, “nach eil thu a’ toirt an aire do na leasanan.” Bha a cheann maol a’ deàrsadh ann an solas na grèine a bha a’ dòrtadh a-steach tron uinneig.

“Uill,” thuirt an maighstir-sgoile is e a’ tighinn a nall is a’ cur a làimh air gualainn Iain.

Bha a’ ghrian teth air aodann Iain, air an deasc, air an lèr.

Anns a’ mhionaid dh’atharraich an rùm, is bha an comannair ag ràdh ris, “Chan eil duine agam a nì an obair seo ach thu fhèin, Lieutenant Reilly. Tha an gearastan fo chìs a-nis airson còig seachdainean. Cha mhòr gu bheil criomag bìdh air fhàgail is tha feadhainn air bàsachadh leis a’ phathadh.” Thionndaidh Lieutenant Reilly air a shàilean is chaidh e mach an doras. Bha an reiseamaid a’ feitheamh ris anns a’ ghrèin làidir a bha a’ sadail fhaileasan air feadh na cloiche. Leum e air an each dhubh is thòisich na trombaidean a’ sèideadh. Aig ceann na reiseamaid dh’fhàg Reilly an dùn.

Airson grunn mhìltean bha cùisean a’ dol an ìre mhath is cha do chuir duine dragh orra. Bha Reilly a’ cluinntinn nan saighdearan a’ bruidhinn nam measg fhèin. “Bithidh sinn ceart gu leòr. Tha Reilly air ar ceann.” Agus chuala e fear eile ag ràdh, “Tha mi air a bhith anns an reiseamaid seo fichead bliadhna. Chan eil oifigear ann coltach ri Lieutenant Reilly.” Ach cha robh fhios aca air mòran mu dheidhinn an oifigear air an robh iad a’ bruidhinn. Cha robh fhios aca gun do chaill e fhèin mac uair anns an fhàsach seo a’ sabaid an aghaidh nan Apaches. Is cha robh fhios aca mu dheidhinn a mhnatha... Oir bha Reilly a-nise na aonar is cha mhòr gum biodh e a’ còmhradh ri duine. Bha Reilly a’ cluinntinn nam buillean a bha na h-eich a’ toirt air an talamh agus gliong nan srian. B’ e seo an ceòl a b’ fheàrr leis air an t-saoghal. B’ e seo an ceòl air an robh e eòlach. Shuath e a lethcheann le a làimh oir bha fallas a’ sruthadh sìos aodann. Ach nuair a sheall e mun cuairt air cha robh duine no ainmhidh ri fhaicinn. Cha robh càil am follais ach na creagan àrda donna a bha ag èirigh suas do adhar a bha gorm gu h-iomlan. Cia mheud mìle a bha aige ri dhol fhathast? Thug e sùil air mapa. Ceithir mìle gu lèir is chan fhac’ e aon Apache.